



Seirbheisean 's Taic 2010 – 2011

Fiosrachadh
Taic
Poileasaidh
Taic-airgid

Services & Support 2010 – 2011

Information
Support
Policy
Grant support

www.cnag.org.uk



Highlands and Islands Enterprise
Iomairt na Gàidhealtachd 's nan Eilean



Clàr-innse

Contents

Td. 3 / Page 3	Carson Gàidhlig? - Why Gaelic? Cleachdadh na Gàidhlig - Using Gaelic
Td. 4 / Page 4	Seirbheisean ChnaG - CnaG Services
Td. 6 / Page 6	Sgeama Soidhnichean Dà-chànanach - Bilingual Signs & Marketing
Td. 8 / Page 8	Sgeama ùr-gnathachaidh - Gaelic Innovation Scheme
Td. 10 / Page 10	Sgeama Ath-bheothachaidh - Community Regeneration Scheme

Carson Gàidhlig?

Tha àite cudromach aig a' Ghàidhlig ann an obair-leasachaidh air a' Ghàidhealtachd agus na h-Eileanan. Tha Comunn na Gàidhlig ag obair a chum gus am faicear luach mòr na Gàidhlig is nan Gàidheal ann an bhith a' togail sgìre aig a bheil neart eacanamach agus coimhearsnachdan làidir, seasmhach ann an Alba beòthail, èasgaidh.

Why Gaelic?

Gaelic has an important and intrinsic role to play in developing the Scottish Highlands and Islands and Comunn na Gàidhlig hope to unlock the potential of our Gaelic identity and the Gaelic community in growing a competitive and sustainable economy; empowering and strengthening communities and creating a vibrant, vital and attractive Highlands and Islands.

Cleachdadh na Gàidhlig

Tha Gàidhlig freagarrach do chompanaidh 's buidheann sam bith agus tha taic 's seirbheis ri fhaighinn dhuibh airson a toirt a-steach nur gnìomhachas. Chan eil adhbhar nach cleachd sibh Gàidhlig san àite-obrach, aig an taigh agus sa choimhearsnachd agus tha eisimpleirean an seo mar a chleachdas sibh i.

Ionnsachadh
Soidhnichean
Làraich-lìn
Ìomhaigh
Conaltradh
Foillseachadh
Coinneamhan
Poileasaidh
Tachartasan

Using Gaelic

Any company or organisation can use Gaelic and there is support and assistance available to enable you to bring the language into your operations. There is no reason not to use the language in the workplace, at home and in the community and you will find below some simple suggestions of ways to use Gaelic.

Learning
Signs and Marketing
Websites
Logos and identity
Communication
Publishing
Meetings
Policy
Events



Cleachd Gàidhlig nur Buidheann

Faodaidh sibh Gàidhlig a thoirt a-steach nur buidheann le taic agus siostaman sònraichte bho Chomunn na Gàidhlig.

Bidh Comunn na Gàidhlig a' tabhann sheirbheisean do ghnìomhachas agus dhan treas roinn gus Gàidhlig a thoirt a-steach ann am buidhnean a tha a' fàs. Ann an cuid de shuidheachaidhean, bidh sinn a' tabhann taic-airgid.

Ar seirbheisean:

- Taic le goireasan, trèanadh 's eòlas air a' Ghàidhlig
- Comhairle 's deagh chleachdadh
- Taic-airgid far a bheil e ìomhaich
 - Soidhnicean Dà-chànanach
 - Stòras Ionmholta
 - Stòras Coimhearsnachd
- Taic le foillseachadh 's làraich-lìn
- Eadar-theangachadh mar aon
- Sgrùdadh Gàidhlig nur companaidh
- Planaichean Gàidhlig 's leasachadh poileasaidh

Eisimpleir: Companaidh Leasachaidh Monadh Nibheis

Tha Plana Gàidhlig aig Companaidh Leasachaidh Monadh Nibheis a tha air leasachaidhean ionmholta 's feumail a chur an gnìomh. Tha na gnìomhan seo air taic a thoirt dhan chompanaidh fhèin agus a bharrachd dhan Ghàidhlig. Chaidh taic a thoirt dhan Chompanaidh aig gach ceum 's siostam gan stèidheachadh airson taic leantainneach a thoirt dhaibh taobh a-staigh goireasan a' Chompanaidh.

Leis a' Phlana seo, chaidh Gàidhlig a thoirt a-steach gu prìomh obair na buidhne. 'S e amas a' phlana Gàidhlig a stèidheachadh mar prìomh leasachadh anns a' Chompanaidh agus le companaidh sam bith eile a bhios a' ruith an làraich no goireas. Mar phàirt seo, bha amas ann gus modhan-obrach dà-chànanach a stèidheachadh a thaobh soidhnicean, foillseachaidhean agus taisbeanaidhean a bharrachd air fàilte a chur air a' Ghàidhlig san àite-obrach.

Chaidh am Plana Gàidhlig ullachadh 's miann làidir aca a' Chompanaidhean na h-amasan a chur an gnìomh. Thuige Companaidhean Leasachaidh Monadh Nibheis gum biodh feum air atharrachadh ann an cuid de mhodhan-obrach 's iad ag obair le Comunn na Gàidhlig, Bòrd na Gàidhlig 's lomairt na Gàidhealtachd a bharrachd air a' choimhearsnachd ionadail gus Gàidhlig a thoirt a-steach ann an obair a' Chompanaidh. Mu choinneimh seo, tha an Companaidh a' tuigsinn gu bheil seilbh aca air a' Phlana Ghàidhlig agus iad mothachail air na gnìomhan, buannachdan agus cothroman na luib.

Gnìomhan pragtaigeach aig Plana Gàidhlig Companaidh Leasachaidh Monadh Nibheis:

- Poileasaidh ùr air soidhnicean dà-chànanach
- Bileagan sònraichte dà-chànanach
- Gàidhlig air làrach-lìn a' chompanaidh
- Trèanadh do luchd-obrach
- Eòlaichean sa choimhearsnachd air comharrachadh
- Gàidhlig ann an stuthan margaidheachd
- Siostam fastaidh air leasachadh gus sgilean Gàidhlig a chomharrachadh

Tha an Companaidh a' faighinn buannachd às a' Phlana Ghàidhlig 's iad nas tarrangaiche agus a' dearbhadh phrìomhachasan a' chompanaidh le spèis air an àrainneachd nàdarra 's cultarail.

Tha seirbheisean CnaG freagarrach airson gach buidheann agus tha sinn ag amas air taic a thoirt do ghnìomhachas, iomairtean sòisealta agus buidhnean eile a tha airson Gàidhlig a thoirt a-steach.

Leig fios thugainn leis an fhiosrachadh air an duilleag cùil.

Use Gaelic in your organisation

Comunn na Gàidhlig can provide support for you to incorporate Gaelic into your activities with bespoke solutions and direct support.

Comunn na Gàidhlig (CnaG) provides a dedicated service to organisations in the private and third-sector looking to enhance their Gaelic image and increase level of Gaelic in the organisation. CnaG assistance might include grant assistance.

Our services include:

- Support with capacity development, training, awareness raising
- Advice and best practice
- Financial support where appropriate
 - Bilingual Signs
 - Innovation Fund
 - Community Fund
- Support with publications and websites
- Simultaneous interpretation
- Gaelic Language Audit
- Bespoke Gaelic Plans and policy development for organisations

Case Study: Nevis Range Development Company

The Nevis Range Development Company now has a Gaelic Language Plan which has resulted in several innovative developments and actions. These have not only benefitted the Company in many ways, they have also assisted the Gaelic Language. Comunn na Gàidhlig assisted the Company at each stage and developed solutions to ensure that ongoing demands are met within the Company resources.

The primary actions undertaken resulted in the Company streamlining Gaelic into their core activities. The ambition of the Gaelic Language Plan was to incorporate Gaelic into the everyday operations of Nevis Range Development Co Ltd and any other companies operating the facility within the lifetime of The Plan. This ambition included the establishment of bilingual working practices with regards to signs, publications and interpretation and also a proactive approach to valuing Gaelic in the workplace.

The Gaelic Language Plan was prepared with the full intention of implementing the practical functions detailed. Nevis Range Development Co Ltd recognised that alterations would be required to some working methods and works with Bòrd na Gàidhlig, Comunn na Gàidhlig and Highlands & Islands Enterprise as well as the local community to enable the company to achieve the overall aim of incorporating Gaelic into the core activities. To this end, the Company recognise that the company and its staff would take ownership of the Gaelic Language Plan and recognise the practical objectives, ambitions and benefits which the Plan will produce.

Practical results of the Nevis Range Development Company's Gaelic Language Plan include:

- A new and continuing bilingual signs policy
- Dedicated bilingual resort guides
- Gaelic on the company website
- Dedicated training for core staff members
- Individuals in community identified to assist company with skills
- Gaelic in marketing material
- Job application process amended to assess Gaelic demand and ability

The overall benefit to the company was to increase its attractiveness to customers and give it a unique selling point which is memorable, true to its location and demonstrates its commitment to sustaining both the natural and cultural environment.

CnaG is committed to assisting businesses, social enterprises and other organisations who wish to incorporate Gaelic into their activities.

Please contact us using the details on the back page.



Soidhnichean 's Margaideachd

Tha e aithnichte gu bheil a' Ghàidhlig na pàirt bunaiteach aig fèin-aithne na Gàidhealtachd, ach faodaidh cleachdadh na Gàidhlig air soidhnichean, air suaicheantas bathar no bhuidhnean, air stuth margaidheachd, inbhe chompanaidhean a dhearbhadh mar bhuidhnean a bhuinneas do dhùthaich is do sgìre shònraichte. Ma thèid a' Ghàidhlig a ghabhail a-steach air obair aig ìomhaigh bhuidhean, nì seo follaiseach meas air agus buntanas don a' Ghàidhealtachd is na Gàidheil.

Cò dhà a tha e?

Companaidhean prìbheideach, iomairtean sòisealta, buidhnean cathranais, buidhnean choimhearsnachd. Feumas iad a bhì stèidhichte an sgìre lomairt na Gàidhealtachd 's nan Eilean.

Cò nach fhaod taic fhaighinn?

Buidhnean poblach.

De seòrsa rud a gheibh taic?

Soidhnichean dà-chànanach, soidhnichean Gàidhlig, Grafaiceachan air carbadan, Brataichean (ma tha iad rin cleachdadh làn-ùine), stuth margaidheachd (air-loidhne no eile), ìomhaigh buidhne no bathair.

Dè seòrsa airgead a gheibhear

Suas gu £2000 ann an grantaichean, taic le Gàidhlig 's eadar-theangachadh.

Dè na riaghailtean?

Feumar prìomhachas a thoirt don Ghàidhlig. Tha seo a' ciallachadh:

- Feumaidh a' Ghàidhlig a bhith cheart cho mòr 's follaiseach 's a tha Beurla
- Feumaidh sibh dreach a shealltainn do ChnaG mus tèid an soidhne a dhèanamh
- Thèid an t-airgead a chosg air a' phròiseact
- Feumar fianais air cosgaisean a thoirt dhuinn mus bi airgead air a' phàigheadh
- Feumaidh am pròiseact a dhol air adhart taobh a-staigh an ùine aontaichte

An ath-cheum? Leig fios thugainn leis an fhiosrachadh air an duilleag cùil.

Bilingual Signs and Marketing

Just as our unique Gaelic heritage helps define the Scottish Gàidhealtachd, so the simple use of Scottish Gaelic on signs, on branding or on marketing materials can help define and distinguish organisations in the Highlands and Islands. Incorporating Gaelic into an organisation's operations and image can help convey the sense of identity and indeed help further engage with connections to Gaelic Scotland.

Who is it for?

Any company or organisation operating in the private or third-sector, based in the Highlands and Islands Enterprise region.

Who is ineligible for support?

Public bodies.

Which types of developments are eligible?

Bilingual signs, Gaelic signs, graphics on vehicles, banners (for long-term use), marketing materials (online or otherwise), product or organisational rebranding.

What support can we expect?

Language support and a grant up to £2000.

What are the rules?

Equal prominence must be given to Gaelic. This means:

- The Gaelic text must be given at least equal prominence and visibility
- You must provide a draft of the sign design to CnaG before it is manufactured
- Any grants awarded must be for the agreed project
- Evidence of expenditure must be provided before any sums are released by CnaG
- The project must proceed within the agreed timescale

The next step? Please contact us using the details on the back page.



Sgeama ùr-ghnàthachaidh Gàidhlig

Is urrainnear coimhead air Gàidhealtachd na h-Alba mar chomar chultaran is chànan nan Gàidheal is nan Gall, far a bheil coinneachadh a' dol, a' cruthachadh beòthalachd, cultar is ealain. Tha i mar an ceudna, ge-tà, a' fàgail na Gàidhealtachd na sgìre sa bheil muinntir agus coimhearsnachdan na sgìre beòthail, cruthachail is iomairteach.

Tha Comunn na Gàidhlig ag amas taic a chumail ri pròiseactan ùr-ghnàthaichte a dh'fhaodas a chur an gnìomh ann an tè dha na prìomh roinnean eaconamaidh na Gàidhealtachd mar a leanas:

Gnìomhachasan cruthachail
Cumhachd
Seirbheisean ionmhasail agus gnothachais
Bìadh agus deoch
Saidheans beatha
Turasachd

Cò dhà a tha e?

Buidhnean stèidhichte an sgìre lomairt na Gàidhealtachd 's nan Eilean.

Cò nach fhaigh taic-airgid?

Buidhnean poblach.

De seòrsa rud a gheibh taic?

Pròiseactan ùra is ùr-ghnàthaichte le Gàidhlig aig cridhe nam pròiseact agus a dh'fhaodas a chuir an gnìomh no reic sa roinn phrìbheideich.

Dè seòrsa taic a gheibhear?

A bharrachd air comhairle bho oifigearan HIE is buidhnean com-pàirteachas, 's urrainn dha CnaG suas gu £15,000 de thaic-airgid a thoirt seachad.

An ath-cheum? Leig fios thugainn leis an fhiosrachadh air an duilleag cùil.

Gaelic Innovation Scheme

The Highlands and Islands can be seen as a meeting point between Gaelic Scotland and the rest of the world; where cultures and language meet and intermingle creating a vibrant cultural scene; while at the same time helping stimulate creative thought, enterprise and innovation amongst individuals and communities.

Comunn na Gàidhlig is looking to assist new Gaelic-related projects and innovations which might be brought to the marketplace and which relates to least one of the following key sectors of the Highlands and Islands economy:

Creative industries
Energy
Financial and business services
Food and drink
Life sciences
Tourism

Who is it for?

Any company or organisation operating in the private or third-sector, based in the Highlands and Islands Enterprise region.

Who is ineligible for support?

Public bodies.

What types of things are eligible?

New projects demonstrating new and innovative thought and of which Gaelic is an intrinsic element and which could have an impact on and could be applied to the commercial sector.

What support can we expect?

In addition to support through HIE officers and partners, CnaG may be able to provide up to £15,000 of assistance.

The next step? Please contact us using the details on the back page.



Sgeama Ath-bheothachaidh Coimhearsnachd

Fèidhir mar a thathas a' coimhead air fearann no cumhachd choimhearsnachd mar stòras, faodar coimhead air a' Ghàidhlig mar ghoireas a chum ath-bheòthachadh agus neartachadh choimhearsnachdan agus na Gàidhlig fhèin.

Tha Comunn na Gàidhlig airson taic a chumail ri cleachdadh na Gàidhlig an leasachadh choimhearsnachdan, agus nìhear seo le taic-airgid do bhuidhnean coimhearsnachd.

Nìhear measadh air pròiseactan le Gàidhlig aig cridhe is cuislean nam pròiseact, agus iad a chumas ath-bheòthachadh Gàidhlig mar chànan a chluinneas gu làitheil, ath-leasachadh air fèin-aithne Gàidhlig choimhearsnachdan, brosnachadh beòthlachd culturail, phròiseactan turasachd, agus a chum àrdachadh air meas is mothachadh don Ghàidhlig gu h-ionadail.

Faodar coimhead air pròiseactan a leithid seo:

- cùram-chloinne air ruith le buidheann coimhearsnachd
- tachartasan coimhearsnachd stèidhichte air a' Ghàidhlig agus i ga cleachdadh
- barrachd Gàidhlig ann am prògraman is stèiseanan rèidio choimhearsnachd
- tachartasan culturail a' tarraing luchd-tadhail air an ruith leis a' choimhearsnachd
- tachartasan trèanaidh a' togail air cothroman-obrach
- iomairtean coimhearsnachd a chum piseach a thoirt air comas-labhairt chloinne
- pròiseactan tarraingeach a' toirt coimhearsnachd uile an-sàs, is iad le Gàidhlig is cultar Gàidhealach nan àite aig an cridhe.

Thèid coimhead ri pròiseactan stèidhichte ann an sgìrean dùbhlanaich HIE a-mhàin.

Cò dhà a tha e?

Iomairtean sòisealta, buidhnean cathranais, buidhnean coimhearsnachd.

Cò nach fhaigh taic?

Buidhnean poblach is companaidhean priobhaideach.

Dè seòrsa airgead a gheibh sinn?

Suas ri £10,000.

Dè na riaghailtean?

- Thèid an t-airgead a chosg air a' phròiseact
- Feumar fianais air cosgaisean a thoirt dhuinn mus bi airgead air a' phàigheadh
- Feumaidh am pròiseact a dhol air adhart taobh a-staigh an ùine aontaichte
- Feumaidh bun-stèidh 's cunntas-banca a bhith aig a' bhuidheann.

Community Regeneration Scheme

Just as community-land or community-energy projects can help revitalise and reinvigorate communities, so to the Gaelic language and Gàidhealach heritage of the Highlands and Islands might be seen as community and cultural assets which can strengthen and sustain communities.

Comunn na Gàidhlig wishes to assist communities looking to utilise Gaelic in community regeneration in the Highlands and Islands, and will do so through grant assistance to third-sector community-based organisations.

Consideration will be given to projects which include Gaelic as the intrinsic and prominent element, and which focus on the regenerating spoken Gaelic, promoting communities' Gaelic identity, promoting cultural vitality, and projects which increase awareness and appreciation for Gaelic in the area and/or which act as cultural tourism initiatives.

Projects might include:

- community-run Gaelic childcare provision
- community-led social events based on local Gaelic heritage and using spoken Gaelic
- increasing Gaelic in local community radio broadcasts
- community-led 'cultural tourism' events attracting visitors
- community-led training initiatives increasing Gaelic careers opportunities
- community-run initiatives focussing on increasing Gaelic language fluency amongst children
- inclusive and attractive community-based projects based on local Gaelic linguistic and cultural heritage

Consideration will only be given to communities based in the HIE fragile areas.

Who is it for?

social enterprises, charitable organisations, community organisations (with constitution).

Who is ineligible for support?

Public bodies and authorities, private sector organisations.

What support can we expect?

Up to £10,000.

What are the rules?

- All funds must be spent on the agreed project
- Evidence of expenditure should normally be provided before any sums are released
- The project must proceed within the agreed timescale
- Applicants must have a constitution and bank account.



Na h-Eileanan Siar
Comunn na Gàidhlig
71-77 Sràid Chrombail
Steòrnabhagh
HS1 2DG

01851-701802
calumiain@cnag.org.uk

A' Ghàidhealtachd, An t-Eilean Sgitheanach
's Earra Ghàidheal
Comunn na Gàidhlig,
5 Caolraid Mhìcheil
Inbhir Nis
IV2 3HQ

01463-234138
domhnallmorris@cnag.org.uk

